

# An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

Am Foghar 2021, Leabhar XXXVII, Àireamh 3  
Fall 2021, Volume XXXVII, No. 3

## Oidhche Shamhna, A Gaelic Halloween as recorded in *An Gaidheal*<sup>1</sup> in 1872

by Liam Ó Caiside


*Oidhche Shamhna* – the eve of the feast of *Samhain* in Scottish, Irish, and Manx Gaelic tradition and Halloween in English – will soon be on us again, though in a pandemic we might not see so many *samhnairean* or “guisers,” known in North America as “trick-or-treaters.”

*Oidhche Shamhna* was one of several holidays in the Gaelic calendar when groups of young people (not necessarily children) would go from house to house asking for food and drink in return for admission, such as *Oidhche Challainn* or New Year’s Eve in Scotland.

But there were other important traditions that have been more or less forgotten in the hyper-commercialized modern version of Halloween. For the Gaels, *Oidhche Shamhna* was a time for divination or fortune-telling, especially to determine who one was going to marry. Our lead article is on that very topic, written and published by the Toronto-based Scottish Gaelic periodical *An Gaidheal* in November 1872. The article is in the form of a letter to the editor of *An Gaidheal*, and it describes the misfortunes of one man who tried to determine who his sweetheart would be through various methods commonly used on *Oidhche Shamhna*.

We reproduce the article in full here, as published, followed by a key to some of the Gaelic spelling changes that have taken place in the past 149 years and some of the more unusual expressions in the letter. Footnotes provide more context and background. Unfortunately, we don’t know who wrote the letter, though it may have been Aonghas MacNeacail himself [see note at end of letter]. *Mac-Dhomhnuill-Duibh* is certainly a pseudonym. It could be translated as “Son of the Devil” – not inappropriate here!

<sup>1</sup> The letter is reproduced as published in 1872, with many letters unaccented although they would be accented today.



*An Gaidheal*, Dara Mios a’ Gheamhraidh, 1872  
National Library of Scotland Digital Resources  
<https://deriv.nls.uk/dcn6/7679/76795184.6.pdf>

### In This Issue

|   |    |
|---|----|
| Litir bhó'n Cheann-Suidhe/Letter from the President.....            | 5  |
| 2021 ACGA Board of Directors Officers.....                          | 6  |
| Litir à Dàn Èideann bhon Taigh Agam .....                           | 7  |
| <i>Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig</i> .....        | 8  |
| Meek Lines .....  | 11 |
| Cha Bu Mhiste Sinn Leabhar na Trì .....                             | 13 |
| An t-àite agam fhìn .....   | 14 |
| Bàrdachd airson ar linn.....  | 16 |
| Scary Things About Gaelic (STAG).....                               | 18 |
| Book Review: <i>A' Togail an t-Srùbain</i> by Calum L. MacLeòid.... | 19 |
| Sweet Potato and Peanut Butter Soup (Bilingual Recipe).....         | 21 |
| A Bharrachd.....  | 22 |
| Criomagan / Bits of This and That .....                             | 23 |
| Dè Tha Dol?.....  | 24 |

Go to [www.acgamerica.org](http://www.acgamerica.org) for more on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.

FHIR MO CHRIDHE,

Ceachaich dhomh focal no dha 'chur sìos mu oidhche Shamhna. Ma chì thu nach cur iad mì-chliu air do *GHAIDHEAL* maiseach, bi' mise glé thoilichte ma bheir thu oisinn doibh, oir tha mi an droch stàid, agus ma tha leigheas domh air thalamh, 'si mo bheachd gur h-ann am measg luchd-leughaidh A' *Gaidheil* a gheobh mi e, air an aobhar sin bi tròcaireach, mar bu dual duit o d' shinnsearan.

Mar tha fios agad-sa, tha mi gun cheile, agus, a reir cleachdadh mo dhuthcha, smaoinich mi gu'm feuchdainn dé 'm fortan a bha romham, air oidhche shamhna.<sup>2</sup> Le sin na mo bheachd dh'fhalbh mi fein agus mo charaid "Mac-Shimidh,"<sup>3</sup> gu taigh sean bhoireannach a tha 'san àite leis an cleachdadh a bhi leughadh na'n copan: ach air an oidhche seo, 's ann a bha i 'leughadh na'n uibhean. Bha triuir nighean as teach<sup>4</sup> maille rithe, agus gach té dhiubh air "bhiod," air son a fortan a chluinntinn.

Cha bu luaithe 'ràinig sinne na ruith an triuir a mach air an dorus chuill; agus, ma dh'innseas mi an fhirinn duit-se, 'Ghaidheil ionmhuinn<sup>5</sup>', cha robh sinne bronach, oir cha bu toigh leinn a bhi 'g èisdeachd na caillich a' leughadh na'n uibhean, agus gu'n robh sinn cinnteach gu'm bitheadh na caileagan a' magadh a ris<sup>6</sup> oirn<sup>7</sup>.

Bhrist a' chailleach ubh, agus gu cùramach leag i leis a' ghealagan ruith do'n ghloinne (aig an àm cheudna glé thoitheach nach gluaiseach am buidheagan, oir na'n tuiteadh boinne dheth 'sa ghloinne maille ris a' ghealagan 's ris an uisge, cha bhiodh a' chuis cho math).

An deigh do'n ghealagan a bhi mar bu mhiannach leis a' chaillich, chuir i a bois air beul na gloinne, 's chrath i i gu h-iollagach aig an am cheudna 'g ainmeachadh araon "Mhic-Shimidh" (air ainm 's air a shloinneadh) agus an fhir nach tig an comunn nan criosduidhean<sup>8</sup>. Leag i 'n sin leis na bha 'sa' ghloinne stòladh, 's shìn i-fhein air aithris rann no ubag air chor-eigin. Leugh i 'ghloinne, 's dh'innis i do "Mhac-Shimidh," ni, ma tha e fìor, a ni 'na dhuine sona e, cho fada 's a bhios 'anail a' dol sìos a's suas. Air a mhodh cheudna, leugh i mo ghloinne-se, ach 's duilich leam nach d'thug i misneachd sa bith dhomh.

Dh'fhalbh sinn an sin á taigh na caillich a's dhealaich mi-fein 's "Mac-Shimidh," agus chaidh mi do thaigh eile, agus air dhomh dol a-steach, bha fear ann an sin 'sa cheann gu ruig a ghuailean ann am ballan uisge, feuchain an tugadh e sia sgillinn de 'ghrunnd. Theirteadh na'n tugta an t-sia sgillinn á grunnd a' bhallain uisge, leis na fiaclan, gu'm faigheadh a neach a dheanadh sin ceile, luath no mall. Chuir mi fhein mo cheann 'san uisge, agus gach uair a dh'fheuchainn ri chur fodha, thigeadh an aileag orm, 's ged a bhithinn a' strì ris an t-sia sgillin a thogail fhathasd cha bhithinn dad n'a b'fhèarr; agus sgur mi, oir bha e cho fasa dhomh snaoisean fhaighinn o "Dhòmhnall na Gealaich"<sup>9</sup> 's a bha e dhomh greim a dheanamh air an t-sia sgillinn. Dh'fhiach mi 'n sin ri ubhall a thoirt as a' bhallan, ach cha b'e dad a b'fhasa dheanamh: a's ghèill mi.

Chuireadh an sin brat air m'eudainn, gus an robh mi cho dall ri fath; agus chuireadh trì triunnsairean<sup>10</sup> air mo bhial-thaobh<sup>11</sup> – fear falamh, fear làn adh<sup>12</sup> uisge glan, agus, le do cheadsa, am fear eile làn adh uisge salach. Bha agam ri mo lamh a chur ann am fear diubh, agus a reir an fhir 'san cuirinn i, bha m' fhortan 'sa bheatha seo gu bhi air a thaisebanadh<sup>13</sup>. Tri uairean an deigh cheile, chuir mi mo lamh 's an triunnsair fhalamh as le corraich thilg mi am brat de m' aghaidh.

Fhuair mi an sin ubhall agus chaidh mi leis gus an sgathan; oir chuala i, na'n ithinn ubhall ag coimhead ris an sgathan agus coinneal a' lasadh na m' lamh chli, gu'm faicinn iomhaidh mo leannain. Rinn mi mar dh'iarradh orm, ach an truaighe iomhaidh a chunnaic mise ach m' iomhaidh fein!

Shin iad an sin air losgadh chnothan; 's a chiad dithis a loisg iad (Mac-Shimidh 's a mhaighdeann) "ghabh"

<sup>2</sup> Sic. Capitals in the 19th century were not used in many places we would see them today

<sup>3</sup> Son of Simon, the surname of the Frasers of Lovat. A pseudonym for his friend

<sup>4</sup> As *teach* for *a-steach*, throughout the text

<sup>5</sup> Spelled *ionann* today

<sup>6</sup> A *ris* for *a-rithist*

<sup>7</sup> Sic. *oirn* for *oirnn*

<sup>8</sup> He who wouldn't appear in the company of Christians. i.e.. *An diabhal*, the devil

<sup>9</sup> *Dòmhnall na Gealaich* – The Scottish Gaelic name for the Man in the Moon

<sup>10</sup> *Truinnsearan*, for plates, today

<sup>11</sup> *mo bhial-thaobh* for *mo bheulaibh* – in front or before me

<sup>12</sup> In *adh* we have *do* (reduced to *a*) + *dh'*, as in *làn do dh'uisge*, full of water.

<sup>13</sup> *thaisebanadh* for *thaisbeanadh*

iad cho aillidh agus gu'n eilticheadh tu-fein riutha 'Ghaidheil. Loisgeadh an seo mi-fein agus an té air an robh mi 'n tòir o ghlùn mo mhathar – 's mo loisgeadh, “ghabh” mise, 's “chrag” ise.

Cha b'urrainn mi seasamh ris a' chorr, 's dh'fhag mi 'n taigh le corraich agus thug mi 'n iolainn orm, a spionadh dhias as a' chruaich choirce. Bha fadal mòr orm gus an tigeadh an dias, agus mi 'n dochas gu'm biodh i tarbhach, torrach, ach, mo dhiubhail! cha robh aon siallan oirre! As an iolainn thug mi 'n ath orm, agus thilg mi ceirsle shnatha 'ghoid mi air mo mhathair, suas do chro na h-athainn, a's dh'eigh mi, “co tha siod air ceann mo shnathain?” ach cha d'fhuair mi freagairt; a's gu dubh-chridheach b'eiginn tilleadh dachaidh.

A' dol dachaidh smaonaich mi air oidheirp, eadhon an oidheirp dheireannaich: mo mhuilicheann a bhogadh ann an allt sa bith air an robh beo a's marbh a' dol seachad. Rinn mi seo, chaidh mi dhachaidh, a's chaidh mi 'laidhe. Chuir mi mo mhuilicheann fliuch fo mo cheann agus mi 'n dùil gu'm brudairichinn air ailleag air chor-eigin; ach cha do bhrudair, agus air dhomh eiridh 'sa' mhaduinn bha mi “sgìth, trom, airtneulach.”

Nis a Ghaidheil ionmhuinn dh'innis mi dhuit mar dh'eirich dhomh oidhche shamhna. Dh'fheuch mi gach ni airson fios fhaighinn air ciod<sup>14</sup> an seorsa mnatha bha mhanadh orm, ach cha d'fhuair mi am fios sin; agus ciod a ni mi? Cha bu mhath leam a bhi na mo sheann fhleasgach, agus sin gu h-araid o'n tha 'n sean-fhocal ag radh “gur fada bu chòir dol a dh'fhaicinn fear nach fhaigheadh bean.” Theagamh gu'm faighinn-se e, ach 'se 'm mi-shealbh a bh'orm riabh – *an te a gheobhainn cha ghabhainn*.

Bha mi 'n tòir air iomadh te, ach dé dheth sin, cha ghabhadh iad mi. An nis a Ghaidheil shuairce tuigeadh tu-fein mo staid, a's theagamh gu'n cur thu focal math as teach air mo shon ri aon de na h-oighean maiseach a tha leughadh do *GHAIDHEAL*. Ma gheobh tu eolas air te a shaoileas tu 'thaitneas rium, abair rithe gur ann innte-se tha 'n eis, 's nach annam-sa; 's ma shaoileas tu gu'm bi i coma-co-dhiù, abair, mar thuirt Uilleam Ros.

Nach cùis ghrain agus mhi-thoirt  
Seann nighean gun sgiabh,  
'N a briogaid gun mhiagh,  
'S nach iarrair a pog!  
Bi' 'h-aodann air casadh,  
Bi' 'falt air fas liath,  
Bi cam-char 'n a bial  
A's fiar char 'n a sroin;  
When she'll whine and repine  
Cha bhi loinn tuille dh' i,  
Not a kiss a gheobh is' –  
She'll be meas cumanta,  
Gun cheile, gun leannan,  
Gun teallach, gun tuar,  
'N a seasg-chaillich thruagh,  
Fo smuaircean, 's fo bhron!



Image by pasja1000 from [www.Pixabay.com](http://www.Pixabay.com)

Na di-chuimhnich m' athchuinge! Seall mo dhealbh do the sa bith leis am miannach fhaicinn! Cuir seo 'sa' Ghaidheal; agus, creid gur mi do charaid seasmhach,

MAC-DHOMHNUILL DUIBH  
Uig, XI Mios, 1872

---

This article was brought to our attention by *Baile nan Gàidheal* / The Highland Village in Cape Breton and by Shannon MacMullin, Amber Buchanan, and Hannah Krebs, who on a regular basis read selections from the newspaper *Mac-Talla* on Facebook Live ([www.facebook.com/93977793806/videos/756270434927052](https://www.facebook.com/93977793806/videos/756270434927052)).  
*Tapadh leibh!*

The ground-breaking Scottish Gaelic periodical *An Gaidheal* was founded in 1871 in Toronto by Aonghas MacNeacail (Angus Nicholson), a native of Lewis who emigrated to Canada in 1855, where he first founded the English-language newspaper, *Canada Scotsman* (1870).

---

<sup>14</sup> Ciod = *dè* in contemporary Gaelic. In Irish, *cad* i.e. What?

MacNeacail returned to Scotland in 1872 as an emigration agent for the newly established Canadian government, and continued to publish *An Gaidheal* there until 1877<sup>15</sup>. *An Gaidheal* published news as well as poems, songs, and stories, and its contributors hailed from Canada, Scotland, and Australia and New Zealand. In many ways, *An Gaidheal* set the bar for the later and more successful newspaper *Mac-Talla*, published in Nova Scotia from 1982 to 1904.

## Vocabulary & Spelling Key

- ◆ The use of an apostrophe at the beginning of a word in this article indicates the presence of an unprinted “a” before it. For example: *bha i ’leughadh* for *bha i a’ leughadh*, “she was reading.” The “a” here is not pronounced. This orthographic convention is no longer in use.
- ◆ The reader will have noticed by now that there aren’t as many accents used in this publication as there are today.
- ◆ In many 19th century texts, “u” is used where “a” would be today. *Dorus* for *doras* (door), for example. *Dòmhnall* in place of *Dòmhnall*.
- ◆ Spellings were often inconsistent in the past: we see *truinnsear* and *triunnsair* (plate, dish) for example, in the same article. Double *ll* or *nn* in place of a single *l* or *n*, with *ubhall* for *ubhal* and *sgillin* for *sgillinn*. It’s possible proofreaders may have been inconsistent as well!

**Focal** – “word,” now spelled *facal*.

**Domh, duit, daibh** – to me, to you, to them. Prepositional pronouns now written *dhomh, dhuit/dhut, dhaibh*, etc.

**Leughadh na’n (nan) copan / uibhean** – “Reading the cups / eggs,” two common traditional divination methods.

**Air “bhiodh”** – “On the bit.” An expression that refers to when a horse (and the bit in its mouth) is in a proper position, willing and eager to take its rider’s directions. A person “on the bit” is “in good trim” and eager for activity.

**Ionmhuinn** – “beloved, dear,” now spelled *ionmhainn*. *A Ghaidheil ionmhuinn* is “my beloved Gaels.”

**Cùramach** – careful (*cùram* = care), attentive, similar to *faicilleach*. May have religious overtones today.

**An t-sia sgillinn** – the sixpenny bit or piece. A coin that was worth sixpence.

**Glé, dé, té** = glè, dè, tè. –Up until recently, Scottish Gaelic orthography made use of both acute and grave accents. Today only the grave accent is used in Scotland. Nova Scotia Gaelic publishers still use the acute accent as well.

**Toitheach / Glé thoitheach** – Today this is spelled *toigheach*, and it means “careful,” “attentive.”

**Snaoisean** – snuff.

**Adh** – as mentioned in the footnotes, this is a contraction of *de dh’* or *do dh’*. “*Ballan làn adh uisge glan*” (A bucket full of clean water) now would be spelled *ballan làn de dh’uisge glan* or *do dh’uisge glan* in some dialects. The initial *d* is not always pronounced, however, leading to this now defunct spelling convention.

**Logadh chnòthan** – burning or roasting nuts. One name for *Oidhche Shamhna* in Scots was Nut-Crack Night. As happens in this letter, a couple roast a pair of chestnuts or hazelnuts by the fire. If they both burn quietly side by side (*gabh*), the signs were they would stay together. If one or both of the nuts cracked (*cnag* or *crag*), they were doomed to separate.

**... gu’n eilticheadh tu-fein riutha ’Ghaidheil** – “that you would rejoice with them, Gaels.”

**Iolann** – a farmyard or barnyard.

**Muilicheann** – Sleeves (of a jacket or shirt). The belief in this section of the letter is that if one wet a shirt or jacket in a stream *air an robh beò a’s marbh a’ dol seachad* – which both the living and the dead cross (most likely on the way to a cemetery) – and placed that wet clothing under their head at night, they would see a vision of their beloved in a dream. As in ...

**... Gu’m brudairichinn air àilleag** – “That I would dream of a pretty girl.” *Bruadar* is both a noun and a verb, dream and to dream. *Bruadairichinn* means “I would dream.”

**Do charaid seasmhach** – “Your constant friend”

---

<sup>15</sup> Kidd, Sheila M. “The Scottish Gaelic Press.” *Edinburgh History of the British and Irish Press*, edited by David Finkelstein, Edinburgh University Press, 2020, Volume 2, Chapter 11.

## Litir bhon Cheann-suidhe

le Liam Ó Caiside



## Letter from the President

by Liam Cassidy

A chàirdean còire,

Fàilte gu bliadhna eile aig ACGA. Tha e doirbh ri chreidsinn gun deach bliadhna seachad bhon a thàinig mise a-steach mar cheann-suidhe a' chomainn. Ach 's e sin an fhìrinn.

Rinn sinn mòran sa bhliadhna sin, agus thòisich sinn tuilleadh. Ach an toiseach, feumaidh mi fàilt' chun a' bhùird a chur air Àdhamh Dahmer agus Dr. Seumas ("Jamie") MacDhòmhnail. Tha mòran agaibh eòlach air Seumas – tha e air a bhith an sàs ann an ACGA nas fhaide na mise, agus chan urrainn do mhòran sin a ràdh! 'S ann à Carolina a Tuath a tha Seumas, ged tha e a-nist' a' fuireach ann an Albainn Nuaidh. 'S e seo a' chiad uair aig Àdhamh air a' bhòrd, an dèidh dha gabhail sa chomann am-bliadhna cuideachd. Tha e ag obair air dotaireachd aig Oilthigh Dhùn Èideann, ged a tha e a' fuireach ann an Canada, ag ionnsachadh air-astar. Sin mar a tha cùisean an àm a' Choròna-bhiorais.

Tha sinn toilichte gu bheil an dithis aca còmhla rinn air a' bhòrd. Agus bu chòir dhomh taing a thoirt do Reese McKay, a dh'fhàg am bòrd am-bliadhna. Dh'fhàg Jeff Justice am bòrd mar stiùiriche agus iar-cheann suidhe, ach tha Goiridh còmhla rinn fhathast mar mhanaidsear-lìn. Mar as àbhaist, tha gu leòr againn ri dhèanamh, agus 's e "obair latha tòiseachaidh."

Bidh Mòd Nàiseanta bhiortail againn a-rithist am-bliadhna, air 12mh - 14mh dhen t-Samhain. Gheibhear tuilleadh mu sin air an làrach-lìn againn a dh'aithghearr. Agus tha sinn an dòchas gun rachamaid uile gu Beinn Seanair san ath-bliadhna, nam biodh cunnart COVID seachad mu dheireadh thall. Thig Oidhche nam Bàrd air ais, agus bidh Coinneamh Bliadhnail bhiortail againn ann an 2022 cuideachd, agus gach bliadhna o sin a-mach.

Bu thoil leinn tuilleadh a dhèanamh air loidhne am-bliadhna, ach tha feum againn air luchd-taic agus saor-thagraichean, mar bhuidheann shaor-thoileach. Seallaibh air an t-sianail YouTube agus air an làrach-lìn againn. Tha làrach-lìn ùr againn, mar a tha mòran agaibh air fhaicinn mu thràth, agus nì sinn tuilleadh leis an làraich am-bliadhna. Cumaidh ur sùilean oirre, mar a theireadh na daoine àrsaidh.

Dear Friends,

Welcome to another ACGA year. It's hard to believe a year has gone past since I became president of the organization. But that's the truth.

We did much in that year, and we began more. But now, I must welcome Adam Dahmer and Dr. Jamie ("Seumas Ruairidh") MacDonald to the board. Many of you know Jamie – he's been involved in ACGA more years than me, and there aren't many people who can say that! Jamie is from North Carolina, but now lives in Nova Scotia. This is the first time on the board for Adam, who joined the organization this year, too. He's working on his doctorate at the University of Edinburgh, though he lives in Canada, learning from a distance. That's the way of things in the time of the coronavirus.

We're delighted that both of them are with us on the board. And I should thank Reese McKay, who left the board this year. Jeff Justice also left the board as a director and vice president, but Jeff will be with us yet as our web administrator. As is typical, we've got plenty to do, and "getting started is a day's work."

We will have a virtual National Mòd again this year, from the 12th through the 14th of November. More information about that will be available on our website soon. And we hope we may all return to Grandfather Mountain in the new year, if the danger of COVID is past at long last. *Oidhche nam Bàrd* (the Night of the Bards) will come again, and we'll have a virtual Annual Meeting in 2022 as well, and each year from now on.

We'd also like to do more online this year, but we do need support and volunteers, as a volunteer organization. Watch our YouTube channel and our website. We have a new website, as many of you have already seen, and we will do more with it this year. Keep your eyes on it, as the old folks would say.

Aig coinneamh a' bhùird anns an Lùnastal, cho-dhùin sinn gun toireamaid \$700 US do Sgoil Gàidhlig Bhaile an Taigh Mhòir ann am Baltimore, Md., mar thaic airson phròiseact gu math ùidheil – “baile-cànain” no “language village.” Siubhlaidh am baile seo bho thachartas gu tachartas, gu h-àraid na geamaichean Gàidhealach, le clasaichean ann an Gàidhlig, ceòl, agus eile. Tha e nas motha na an seòrsa de theant a chì sibh gu tric aig na geamaichean. Leughaidh sibh tuilleadh mu dheidhinn na pròiseact a dh'aithgheàrr. Tha sinn toilichte cuideachadh a thoirt do choimhearsnachd ionnsachaidh na Gàidhlig (CIG) cho làidir.

Cùin a bu chòir dhuinn no an tèid againn air cruinneachadh a-rithist mar a b' àbhaist dhuinn? Nach mòr a' cheist i sin. Bu thoil leam a ràdh gum bi sinn a' cruinneachadh “beò” san ath-bhliadhna, agus tha mi dòchasach. Chan urrainn dhomh dad a bharrachd air “chì sinn” a ràdh ge-tà. Bithibh faiceallach agus fallain, a chàirdean. Chunnaic gu leòr againn àmannan cruaidh sa bhliadhna a chaidh, agus tha sibh uile nar smuaintean, an-còmhnaidh.

Leis gach deagh dhùrachd,

*Liam*

Ceann-suidhe, ACGA

At the August board meeting, we decided to give \$700 US to *Sgoil Gàidhlig Bhaile an Taigh Mhòir* (The Baltimore Gaelic School), as support for a very interesting project – a “language village.” This village will travel from event to event, especially Highland games, with classes in Gaelic, music, and more. It's more than the sort of tent you often see at the games. You will read more about the project soon. We're delighted to assist such a strong Gaelic Learning Community.

When will we be able to gather again as we used to? Isn't that the big question. I would like to say we will be gathering “live” in the new year, and I am hopeful. I can't do more than say “we'll see.” Be careful and healthy, friends. Plenty of you have seen hard times in the past year, and you are all in our thoughts, always.

With every good wish,

*Liam*

President, ACGA

---

## 2021 ACGA Board of Directors Officers

ACGA's Board of Directors met August 15th to elect officers for the coming year. **Liam Ó Caiside** was elected president and **Jamie MacDonald** was elected vice president.

Continuing as Board-appointed officers for the coming year will be:

**Mike Mackay** - treasurer

**Joyce Campbell** - recording secretary

**Nickie Polson** - bookkeeper

**Janice Chan** - chair Membership committee

**Jeff Justice** - chair ACGA Website committee

**Eileen Walker** - chair Learner Support committee

**Liam Ó Caiside** - chair Gaelic Learning Communities committee

**Janice Chan, Jeff Justice, Cam MacRae, and Barbara Rice** - editors *An Naidheachd Againne*

**Jamie MacDonald** - chair Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week committee

**Mike Mackay** - chair U.S. National Mòd committee





## Litir à Dùn Èideann bhon Taigh Agam

by Jeff W. Justice

A chàirdean,

I was hoping that I would finally be able to do a *Litir à Dùn Èideann* for you this edition, but it seems like we're taking one step forward, two steps back in beating this virus. So, I sit here at my desk, watching the map as local counties turn darker and darker as new cases come up. Then I notice my fingers dancing across the trackpad. They turn the map a quarter way about the globe to a small country in the North Atlantic with a very squiggly coastline and its capital of Edinburgh. Then my fingers open my photos app, and I look back over the thousands (literally!) of pictures I have shot over the years I have visited and lived there. If I can't write a *Litir à Dùn Èideann*, I can always live vicariously *bhon taigh agam, ceart?*

When we do get to resume life as we knew it, more or less, before 2020, there are a couple of places a short walk from each other where you can experience both Gaelic and Scots, and they are both on Edinburgh's Royal Mile. These are the [Scotch Whisky Experience](#) and [The Real Mary King's Close](#). I've been through both several times. (Yes, I *do* know of plenty of other things to do in the capital.) Both will offer visitors a chance to see important parts of Scotland's life and culture, including the savoury and the not-so-savoury.

I have long viewed the Scotch Whisky Experience as the most expensive tourist trap you will ever enjoy. Having a dram of whisky (or more) at the tour's end makes it well worth the high admission fee. I went through on my own maybe nine or ten years ago. It includes a guided tour describing the various types of whiskies distilled in Scotland and the different flavours that are unique to each distilling region. Part-way through, you board a cask-shaped car for an amusement park-type ride that takes you through the distilling process. Since Edinburgh draws millions of tourists from around the globe, the ride has several language options, including *Gàidhlig na h-Alba*. The first time I went through, I asked for *Gàidhlig*; the ride attendant gave me a puzzled look and then told me nobody had ever asked for it before. I went through a few years later as part of a package that also included that night's performance of the Royal Edinburgh Military Tattoo. Again, I asked for the *Gàidhlig* audio on the ride; I had the car all to myself.

Real Mary King's Close gives you a first-hand look at life in Edinburgh in the 14<sup>th</sup> through 18<sup>th</sup> centuries, including the long-abandoned homes, tenements once reaching fourteen stories in some places, now locked underground by newer buildings constructed on top of them. You will get a glimpse of how residents dealt with the Bubonic Plague that killed at least a third of Europe's population, and you will learn how the local phrase "gardyloo", a mangling of the French *Gardez l'eau!* (mind the water), came to be. (Hint, it has to do with people pouring out the rancid contents of their bathroom buckets onto the streets far below.) You will also see dramatised scenes with dialogue recorded in the Scots *leid* [language] that dominated much of the Lowlands at the time. To be sure, I have never been sure how much of what I saw was drama and urban legend and how much was based on fact, but it was still a fun way to see hidden –literally – parts of the capital. I also got to hear a bit of the linguistic history of Scotland in the process.

Soon enough, I hope, you will have a chance to experience this for yourself. In the meanwhile, check out their websites and experience them vicariously.

*Leis gach deagh dhùrachd,*

*Goinnidh | Jeff*

Ràinig latha na comhairle is a h-uile draoidh ann, a' beachdachadh air an droch shuidheachadh anns an robh iad. An dèidh do dh'Iain coimhead tro tholl clach Choinnich Odhair bha plana aca. Dh'fheumadh Iain agus Nighean an Sgàthain a dhol air turas. Càit' an tèid iad? Uill, feumaidh sibh a' chaibideil seo a leughadh!

## Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig

*le Liam Ó Caiside*

**Caibideil a Naoi Deug: Comhairle nan Draoidh**  
**Pàirt a dhà: Latha na Comhairle**

*“Chan ann a h-uile là a bhios mòd aig Mac an Tòisich.”*  
— Seanfhacal Gàidhealach

Bhris an ath-latha fuar, fliuch agus dubh. Dhòirt an t-uisge a-nuas air clachan a' chaisteil, ach dh'èirich Nighean an Sgàthain agus chuir i uimpe. Chaidh Iain air ais a sheòmar nam foghlamaichean an oidhche roimhe sin, agus thachair iad a-rithist ann an clos a' chaisteil. Choisich iad dhan tùr agus dh'èirich iad suas na staidhrichean cloiche, cama, caola gus an tàinig iad dhan t-seòmar far an do dh'ionnsaich na balaich draoidheachd agus far an d'ràinig Nighean an Sgàthain gu Iain ann an cruth calmair. Nuair a chaidh iad a-steach, bha an seòmar mòr cearsalach loma-làn le draoidhean agus sìthichean, beag agus mòr, agus iad nan suidhe air beingean mun cuairt a' bhalla. Bha feadhainn dhiubh nan suidhe air an ùrlar. Bu mhòr an toirm agus fuaim a rinn an còmhradh.

Bha an Draoidh Mòr na shuidhe ann an cathair mhòr, slacan fada le ceann airgid na làimh. Bha coltas seann cheann-cinnidh air bhon àm ro Chogadh a' Phrionnsa, le aodach Gàidhealach air a chom agus briogais-mhòr bhreacte air a chasan. Bha athair Iain agus a' bhan-shìthe Aoife nan suidhe air a' bheingidh ri a thaobh. Bha Brìd Mhòr Each ann, na còta còmhdhaichte le itean, a' smocadh dùideach faisg air a' chagailt.

Bha feadhainn de na foghlamaich eile aig an Draoidh Mhòr ann, Mac Mhanainn agus Ceann-Cleiteag. Bha am bàrd, am ministear, agus an sagart ann – draoidhean a bh' annta uile. Bha MacDhòmhnaill agus a bhean Gormfhlaith ann, agus na peathraichean Fearbhlaith agus Dearbhlaith cuideachd. Bha teine air a lasadh agus bha an seòmar glè bhlàth. Thog an Draoidh Mòr a làmh agus thuit na daoine nan tost.

“A charaidean agus a dhaoin' -uaisle,” thuir e, “Tha cunnart anns an t-saoghal a-nise nas miosa na sion a

chunnaic sinn ann an iomadh linn. 'S e Mac na h-Oidhche ainm, ach 's e 'Balar ùr' an t-ainm a chuirinn air. Bidh feadhainn agaibh a' cuimhneachadh Balar leth-shùileach agus an sgrios a rinn e gus an do mharbh Lùgh Làmh-fhada e.

“S ann às an sgoil seo a thàinig Mac na h-Oidhche, mar a chuala sibh bhuam,” ars' an Draoidh Mòr. “Ach cha chuala sibh an sgeul air fad. Tha nighean còmhla ruinn, leth-phiuthar mo nigheanan fhèin, aig a bheil tuilleadh fiosrachaidh mu Mhac na h-Oidhche. Èirich a-nise, a nighean Uí Chróileagáin, agus innis dhuinn do naidheachd.”

Agus 's e sin a rinn Nighean an Sgàthain, bho thoiseach gus an latha sin. Dh'innis i dhaibh mar a chaill i a màthair, agus mar a chaidh a togail le Cailleach nan Cearc ann an Druim Alt na Muice.

Dh'innis i dhaibh dè thachair nuair a thàinig a h-athair air ais, agus mun bheatha aca ann am Baile Àtha Cliath. Dh'aithris i ciamar a choinnich i ri Iain – an Gille Dubh a thug i air – an toiseach, agus ciamar a dh'ionnsaich i gur e a h-athair fhèin Mac na h-Oidhche. “Agus sin agaibh mo sgeul gu ruige seo,” thuir i aig an deireadh. “Thàinig mi gu Sgoil nan Eun, agus tha fhios againn gun tàinig m' athair às mo dhèidh. Rinn e ionnsaigh oirnn, agus ged a chaidh a ghonadh, tillidh e. Tha mi cinnteach gun till. Chan eil e marbh, mar a tha feadhainn dhiubh dòchasach.”

“Is iongantach do sgeul leam,” thuir Brìd Mhòr Each ris an nighinn. “Cho iongantach ri sneachd an Lùnastail. 'S iomadh linn a tha mi air seachran, ach cha do dh'amaid mi ri ban-draoidh eile coltach riut, aig a bheil draoidheachd nan cailleach agus draoidheachd nan sgoiltean – ach mi fhìn.”





“Ach ’s e neach air leth a th’ annaibh, a Bhrìd,” thuirt am bàrd. “Cha leigeadh le boireannaich draoidheachd ionnsachadh anns an sgoil seo neo ann an sgoil eile.”

“Mì-cheart eile a rinn na sgoiltean bho na meadhan-aoisean gus an latha an-diugh!” fhreagair Brìd gu feargach. “Tha fhios aca gun robh mnàthan-draoidh ann o chionn fhada an t-saoghail, ro theachd nan Ròmanach. Bha gu leòr dhiubh ann nuair a thàinig Calum Cille a dh’Alba. Agus thog Sgàthach fhèin – bana-shithe – an sgoil seo!”

“Agus ’s e mo mhàthair a bh’ innte,” ars Aoife, a’ togail a guth. “Tha e cho soilleir ri gathan na grèine gu bheil an nighean seo na ban-draoidh, mar bu dual do bhan-ogha Sgàthaich. Ach chan e sin an cuspair a tha romhainn an-diugh. Feumaidh sinn dèiligeadh ri Mac na h-Oidhche ann an dòigh mhaireannach, mus dèan e ionnsaidh eile oirnn. Ach dè nì sinn? Dè bu chòir agus dè b’ urrainn dhuinn a dhèanamh, draoidhean agus sìthichean ri chèile?”

Dh’fhàs iad uile sàmhach greis. Bhriis athair Iain an tost. “A bhalaich,” thuirt e ri Iain, “tog a-mach do chlach, agus innis dhuinn gu dè a chì thu ann.”

Chuir Iain a làmh na phòcaid far an robh e an còmhnaidh a’ cumail clach bheag, chruinn, ghorm le toll na meadhan, a’ chlach a thug athair dha. Clach Choinnich Odhair.

Sheas an Draoidh Mòr gu h-obann. “Tha mi eòlach air a’ chloich seo, ged nach fhaca mi riamh i,” thuirt e ri Iain. “Shaoilear gun robh i cailte nuair a thilg Coinneach Odhar i an Loch Lomhair. Ciamar a thàinig i thugadsa, fhoghlamaiche agam fhìn?”

“Thàinig e dha bhuainn nuair a bha sinn còmhla anns an t-sìthein,” ars Aoife, mus b’ urrainn do dh’Iain dad a ràdh. “Agus seo an uair a dhèanadh i feum dhuinn. Cuir do shùil ris an toll, ’ille, agus innis dhuinn dè chì thu.” Agus sin a rinn Iain. Dhùin e a shùil chlà, agus chuir e a’ chlach ris an t-sùil eile.

Lìon muir slàn a shùilean, na tonnan a’ fàs nan stuadhan agus stuadhan a’ fàs nam mamanan. Ghluais a lèirsinn mar eun-mara thar a’ chuain agus chunnaic Iain eilean uaine fada bhuaithe, eilean còmhdachichte le feur, agus dà chnocan cruinne ann. Theann e nas dlùithe, agus chunnaic e taigh eadar na cnuic agus riobhag de smùid a dh’èireadh às. Bha boireannach caol, àrd, le falt dualanach buidhe aig an doras. Bhruidhinn am boireannach ri eun beag a bha na làimh. Bha Iain cho dlùth ri the ’s gum faiceadh e a

breacan-seun. Thionndaidh am boireannach gu h-obann agus sheall i dìreach air a shùil. Leum Iain an comhair a chùil agus chaidh an aisling a bhriseadh.

“Dè chunnaic thu? Dè chunnaic thu?” ghlaoidh a h-uile duine. Bha na sìthichean beaga a’ leum agus bha a h-uile duine eile nan seasamh. Dh’innis Iain dhaibh dè chunnaic e - an cuan, an t-eilean, na cnuic, an taigh, agus am boireannach àlainn. “Na dèan dearmad air an eòin,” thuirt Brìd Mhòr Each. “Tha mi cinnteach gu bheil e cudthromach.”

“Sin an t-eilean a chunnaic mi nam bhruadar,” thuirt Nighean an Sgàthain, “ged nach fhaca mi an taigh neo am boireannach.” “Agus tha mi cinnteach gum faca am boireannach mi fhìn,” fhreagair Iain.

“Feumaidh sinn bhruidhinn ris a’ bhoireannach seo,” thuirt Brìd Mhòr Each. “Feumaidh sinn a dhol dhan eilean,” thuirt am bàrd. “Chan fheum sinn nì sam bith a dhèanamh, ach an dithist a chunnaic an t-eilean, Nighean an Sgàthain agus an Gille Dubh,” thuirt Aoife. “S ann acasan a bhios an ceann-turais seo, tha mi creidsinn.”

“Tha mi ag aontachadh ribh,” thuirt an Draoidh Mòr ri Aoife. “Nach do dh’innis mi dhuibh gun deach ainm a’ bhalaich seo a sgrìobhadh anns an leabhar dhubh agam dà cheud bliadhna mus d’ rugadh e?”

Sheall Iain agus an nighean air a chèile. “Tha sinn deònach,” thuirt iad aig an aon àm, “Ged nach eil fhios againn càite am faigeadh sinn an t-eilean,” ars Iain.


“Gheibhear an t-slighe,” ars an Draoidh Mòr. “Ach chan fhalbh sibh gun dàil. Bheachdaicheamaid air dè an seòrsa cuideachaidh a bu chòir dhuinn a thoirt dhuibh. Seo deireadh ar comhairle.” Dh’fhalbh iad uile an uair sin, agus chaidh iad gu biadh anns an talla.

“A bheil aon smuain agad mu dheidhinn na tha feitheamh oirnn anns an eilean?” dh’fhaighnich Iain de Nighean an Sgàthain. “Seadh,” thuirt an nighean. “Mo mhàthair.”

Las an sgeulaiche a phìob. Bha sinn uile sàmhach. “Bha mi cinnteach gun coinnicheamaid ri màthair na nighinn mus tigeadh crìoch air an sgeul,” thuirt Eilidh, ag òl balgam uisge. “Chì sinn,” ars an sgeulaiche. “S iomadh car a tha san t-saoghal, ged nach eil fhios againn dè bhios romhainn. Agus tha Iain agus an nighean dìreach air tòiseachadh air an turas.”

# North Carolina Regional Mòd (held on Zoom)

July 9, 2021



**Adjudicator: Christine Primrose**

## Results:

- **First:** Seán Heely
- **Second:** Cathleen MacKay
- **Third:** Adam Dahmer

Cash prizes were awarded as follows: \$125 first prize, \$100 second prize, and \$75 third prize.

After the competition, Christine's general advice to all the mòd singers was to pick the right song, be sure you're prepared, and watch that you pronounce the ends of words as you sing. The three winners did all of that and more.

**Mealaibh ur naidheachd!**

## Bruidhinn Gàidhlig! / Speak Gaelic!

Speak  
Gaelic

SpeakGaelic (<https://speakgaelic.scot/>), a new language learning platform for complete beginners, as well as speakers at different levels of fluency in Scottish Gaelic, is launching this September.

Users will have the option of face-to-face classes, self-guided online learning, and media content through television programmes, radio programmes and podcasts. These will be available internationally using the BBC Sounds app, the BBC ALBA YouTube page, as well as a new SpeakGaelic website and social media content. Much of the content will be free of cost to the user.

This initiative will be rolled out in four stages from 2021 through 2023. Each stage is aimed at a different proficiency level on the Common European Framework of Reference for Languages (CEFR) scale of A1, A2, B1 and B2 (<https://delf-dalf.ambafrance-ca.org/cefr/>), providing a standard point of reference for Gaelic ability. SpeakGaelic will start with level A1, with a new level being offered every three months after that.

SpeakGaelic is presented as a partnership through the media organization MG ALBA; Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture in Skye; and the BBC, with funding provided by the Scottish government, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA and the BBC.

For questions or comments about SpeakGaelic, email [conaltradh@mgalba.com](mailto:conaltradh@mgalba.com).

## Meek Lines

Professor Donald Meek, academic, editor, writer, and poet, shares his poetry on a Facebook page called “Meek Lines,” explaining that he uses Facebook “in the same way our ancestors used the oral airwaves of their own day. Songs were sung and recited far beyond the composer’s original locality.” And as Meek reminds us, “Poems and songs are for sharing, and that is what gives them life.”

In that spirit of sharing (and with Professor Meek’s permission), in this issue of *An Naidheachd Againne* we have again asked one of our friends to pick a poem from “Meek Lines” and tell us about it.

Here ACGA member Adam Dahmer, who is in the last year of his doctorate in Celtic Studies at the University of Edinburgh, explains how a seemingly simple poem carries a much deeper meaning.



### **TURAS DHÒMHNAILL AIR A’ ‘WAVERLEY’** *leis an Urramach Ollamh Dòmhnall Meek*

Chaidh Dòmhnall do Ghlaschu le aighear na cheum,  
airson turas a ghabhail air abhainn a spèis,  
air a’ ‘Waverley’ mhaiseach le Caipitinn tha treun -  
a dheagh charaid Ailig gun a shamhail fon ghrèin.

Nuair a dh’fhàg sinn sa mhadainn bha fras anns an  
speur,  
ach thòisich deagh fharam le glagail is gleus,  
Nuair bha Ailig ri faire cumail smachd air a rèis  
is cop geal nam padal a’ sradadh na dèidh.

Bha an còmhlan a bh’ againn gu carthannach rèidh  
le gàire is naidheachd is facail bha geur;  
an dèidh glasadh a’ ghalair bha ar n-aighe air sgèith,  
ged bha faiceall gar sgaradh beagan astair bho chèil’.

Bha Dòmhnall na bhalach le tlachd a bu lèir  
do gach neach a bha cumail a thaic ris an rèil,  
's e a’ cuimhneach’ an latha bha athair ’s e fhèin  
a’ falbh air an abhainn gun laigse, gun èis.

Ach an-diugh bha an abhainn ’s i sàmhach na gnè;  
cha chluinntè ’s chan fhaicte na gàrraidhean gleusd’  
no gach ceàrdach bha tàthadh na stàillinn ri chèil’  
airson na cabhlaich bu ghasda san t-saoghal gu leir.

### **DONALD’S TRIP ON THE WAVERLEY** *by the Reverend Doctor Donald Meek, as translated by Adam Dahmer*

Donald went to Glasgow with cheer in his step  
To take a trip on the river of his affection  
On the beautiful Waverley, captained by a hero  
His good pal Alec, no one like him under the sun

We left in the morning with rain in the sky  
But a fine noise started up, with rattling and whirring  
When Alec was vigilant, keeping control of her course  
With the white foam of the paddles sprinkling after  
her

Our crew was charitable and even-tempered  
With smiles and small-talk and witty words  
After the lockdown, our spirits were soaring  
Though we were careful to keep apart

Donald felt like a wee lad, with a joy  
That was obvious to anyone leaning on the railings  
He was recalling a day he and his father  
Had gone out on the bold and unhindered river

But today, the river was quiet in her way  
No well-trimmed shipyards could be seen  
Or heard, or metalworkers joining steel  
For the most upstanding navy in the world

Tri-fichead bliadhna! Cò a chreideadh an sgeul?  
Bha Dòmhnall den bharail nach robh ann ach an-dè!  
Ach cha robh aige ach tamhasg, gun fharam ri èisd'  
Ach MacTalla nam padal 's iad a' glagail leo fhèin.

Dùn Breatann a sheas air a' Chreig le deagh stèidh,  
nach e chunnaic gach aiseag rinn gaisgeach is treubh,  
gach eathair is iùbhrach thog smùid fad nan rè -  
is abhainn na beatha siubhal seachad na leum!

Ach tha ise ann fhathast, a' 'Waverley' threun,  
a' togail ar n-aighe 's a' lasadh ar spèis,  
's guma fada a mhaireas a latha 's a rèis -  
is Ailig ga stiùireadh air Chluaidh le deagh ghrèim!

Sixty years! Who would believe it?  
To Donald, it seemed only yesterday  
But he had only the memory: no sound to listen to  
But the echo of paddles churning to themselves

Dumbarton that stood well-founded on the Crag  
Was it not he, who had seen every crossing made by  
warrior or tribe,  
every dinghy and cutter that ever went under steam –  
with the river of life travelling past, leaping!

But she's still there, the brave Waverley  
Lifting our spirits, kindling our affection  
Long will her day and her course last  
With Alec's firm grip guiding her on the Clyde

Abair dàn! Nuair a leughas sibh e, 's urrainn dhuibh an  
calpa fhaireachdainn. Bu dheagh òran e, nan cuireadh  
cuideigin fonn air. Chan eil an t-eadar-theangachadh a  
rinn mi idir cho math ris a' bhàrdachd fhèin, ach bha mi  
air son 's gum biodh fios fiù 's aig an luchd-leughaidh aig  
nach eil Gàidhlig dè mu dheidhinn a bha e, oir chuir am  
fear seo iongnadh orm gu mòr, a thaobh susbainte. Aig an  
toiseach, bha mi a' smaointinn nach b' e bh' ann ach  
bàrdachd shìmplidh, aotrom mu dheidhinn sgrìob bheag  
spòrsail air bàta-èibhinn. Nach mise a bha ceàrr: b' e  
cromadair de dh'fhaireachdainn a bh' ann! Feumaidh mi  
aideachadh gun do ruith na deòir om shùilean nuair a  
leugh mi an ceathramh rann, anns an do chuimhnich an  
t-ùghdar turas eile 's bha e air an aon bhàta mar bhalach  
beag, làmh ri athair, sna seasgadan, nuair a bha  
gàrraidhean-bàta tranga ri taobh na h-aibhne; agus san  
ath-rann, far an do mhothaich e cho eadar-dhealaichte 's a  
bha an saoghal san latha an-diugh – an abhainn nas sine,  
is às aonais nan gàrraidhean; an dùthaich nas sine, is às  
aonais cabhlaich, agus am balach nas sine, is às aonais  
athar.

Mar anarcaiche a dh'fhàs suas sna Stàitean, chan eil  
dàimh cho làidir eadaram agus gàrraidhean-cabhlaich nam  
Breatannach, ach a bheil duine beò air aghaidh an  
t-saoghail aig nach eil fios no faireachdainn dè cho  
neònach 's a tha e gu bheil an tìde an còmhnaidh a'  
sruthadh seachad, a' toirt leis na daoine is na h-àitichean  
air a bheil gaol againn? Smaoinich mi, nuair a leugh mi an  
dà rann sin, air m' athair fhèin, a tha nas fhaisg air seann  
duine na fear òg, agus air mo sheanairean, nach maireann;  
air an Abhainn Othàidheo, ann am Baile nan Easan far an  
do rugadh mi, agus air an diofar eadar a' bhaile sin mar a  
tha e a-nis agus an dòigh 's a bha e nuair a bha mi òg.  
Dh'fhairich mi, an uair sin, gun robh a' bheatha goirid,  
mì-chinnteach, agus bristeach.

What a poem! When you read it, you can feel  
the rhythm. It would make a fine song, if  
someone put a tune to it! The translation I  
made isn't nearly as good as the poem itself,  
but I wanted even readers who didn't have  
Gaelic to know what it was about, because this  
one really surprised me, as far as content goes.  
At the outset, I thought it was just light, simple  
poetry about a fun little ride on a pleasure boat.  
Was I ever wrong: it was an emotional  
rollercoaster! I must admit that I cried when I  
read the fourth verse, in which the author  
recalled another trip on the same boat as a little  
boy, beside his father, in the sixties, when there  
were busy shipyards beside the river; and, in  
the next verse, when he noticed just how  
different the world was in modern times – the  
river older, and without the shipyards; the  
country older, and without a navy; the boy  
older, and without his father.

As an anarchist who grew up in the US, there's  
not so strong an emotional connection between  
me and the British naval shipyards, but is there  
a living person on the face of the earth who  
doesn't know or feel how strange it is that time  
is always streaming past, taking with it the  
people and places we love? When I read those  
two verses, I thought about my own father,  
who is closer to an old man than a young one,  
and about my grandfathers, may they rest in  
peace; about the Ohio River, in Louisville,  
where I was born, and the difference in that  
city as it is now and the way it was when I was  
young. I felt, then, that life was short, uncertain  
and brittle.

Ach an sin, gu tròcaireach, thug Dòmhnall dòchas dhomh san rann mu dheireadh: ged a tha a' chuid as motha de bhàtaichean a chaidh thairis a' Chluaidh fo dhian-amharc Dhùn Breatainn fada às dèidh an dol-fodha, tha a' Waverley bheag ghaisgeil fhathast còmhla rinn – a' sealltainn dhuinn, ged nach mair a' bheatha no rud sam bith a th' innte, nach bi sinn gu tur nar n-aonar, gu tur gun chofhuirt, cho fhad 's a bhios sinn fhèin air mhaireann. Mar a their an abairt, thig crìoch air an t-saoghal, ach mairidh gaol agus ceòl. Taing mhòr, Ollaimh Meek, airson sin a chur nam chuimhne!

But then, mercifully, Donald gave me hope in the last verse: though most of the boats that went over the Clyde under the watchful gaze of Dumbarton have long since gone under, the brave little Waverley is still with us – showing us that although neither life nor anything in it lasts forever, as long as we ourselves live, we will never be completely alone or wholly without comfort. As the saying goes, the world will end, but music and love will endure. Thanks, Dr. Meek, for reminding me of that!

## Cha Bu Mhiste Sinn Leabhar na Trì

*le Cam MacRae*

Cha bu mhiste sinn leabhar na trì. Deagh smuain, nach e? Sgrìobhainn colbh cunbhalach leis an ainm seo do dh'ANA greis air ais ach dh'fhàs mi trang agus an ceann bliadhna no dhà, sguir mi ga sgrìobhadh.

B' e leabhraichean Gàidhlig cuspair a' mhòrchuid dhe na pìosan a sgrìobh mi son a' cholbh, agus ged a chaitheas mi mòran ùine a' leughadh, tha ùidh agam ann an sgrìobhadh cuideachd. Tha cuimhne agam air colbh sònraichte a rinn mi air mo mhiann a bhith a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Aig an àm sin bha leabhar leathar donn beag, leabhar le duilleagan bàn ann, air oir an deasg agam. Seo e. Thug mo pheathrichean dhomh e. Nach eil e àlainn?

Uill, tha an leabhar seo fhathast ri mo thaobh, ach tha mi duilich a ràdh gu bheil na duilleagan fhathast bàn. O, sgrìobhaidh mi gu tric, gu h-àraidh naidheachdan goirid dha na h-oileanaich agam, is na sgeulachdan uile air a' choimpiutair agam. Tha tè dhe na sgeulachdan mu eun beag ruadh a bhuaill uinneag na h-oifis agam is mise is an cat ga choimhead gus an do dh'itealaich e air falbh. Agus tèile mu chat a chunnaic mi san t-sràid is a cheann an sàs ann am bogsa, bogsa geal is buidhe anns an robh ìm aig aon àm. Kitty bochd.

